

curraicealam airson sàr-mhathais:  
cuspairean sòisealta  
prionnsapalan agus cleachdadh

[www.gaidhlig.ltscotland.org.uk](http://www.gaidhlig.ltscotland.org.uk)



# Cuspairean sòisealta Prionnsapalan agus cleachdadh

## Dè na comasan a bheir ionnsachadh anns na cuspairean sòisealta do chlann agus do dhaoine òga?

Tro chuspairean sòisealta, bidh clann agus daoine òga a' cur rin tuigse mun t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dhaoine eile agus mum beachdan, aig diofar amannan agus ann an diofar àiteachan agus shuidheachaidhean. Tha iad cuideachd a' cur ri an tuigse air an àrainneachd agus mar a chaidh a cumadh. Nuair bhios iad a' fàs nas aosta, bidh eòlasan chloinne agus dhaoine òga a' leudachadh le bhith ag ionnsachadh mu nithean Albannach, Breatannach, Eòrpach is eile, ach a' cumail cuimse air na h-atharrachaidhean eachdraidheil, sòisealta, cruinn-eòlasach, eaconamach agus poilitigeach a tha air Alba a chumadh. Bidh clann agus daoine òga ag ionnsachadh mun adhartas a rinn daoine agus mar a nithear ciall de dh'atharrachaidhean ann am beatha an t-sluaigh, de chòmhstrithean agus de chùisean a' buntainn ris an àrainneachd. Bheir seo cothrom dhaibh buaidh a bhith aca air nithean le bhith nan saoranaich fhiosrachail agus chùramach.

Bidh clann agus daoine òga, le bhith a' gabhail pàirt ann an cuspairean sòisealta:

- a' cur ri an tuigse air eachdraidh, dualchas agus cultar na h-Alba, agus a' cur luach air an dualchas ionadail agus nàiseanta anns an t-saoghal
- a' leudachadh an tuigse mun t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu obair agus adhartas dhaonna san àm a dh'fhalbh agus san latha an-diugh
- a' cur rin tuigse mun deidhinn fhèin agus mu dhaoine eile
- a' cur ri an tuigse air prionnsapalan deamocrasaidh agus saoranachd tro bhith a' dèanamh breithneachadh air an ceann fhèin
- a' rannsachadh agus a' luachadh diofar sheòrsaichean fiosrachaidh agus fianais
- ag ionnsachadh mar a bhios iad a' lorg, a' rannsachadh agus a' dèanamh ceangal eadar amannan, daoine agus tachartasan ann an tìm agus àite
- ag ionnsachadh mar a bhios iad a' lorg, a' rannsachadh agus a' dèanamh ceangal eadar feartan agus àiteachan gu h-ionadail agus nas fhaide a-muigh
- a' dol an sàs ann an gnìomhan a bhios a' brosnachadh bheachdan iomairteach
- a' cur ri an tuigse air bun-bheachdan a bhios a' brosnachadh iomairt agus a' toirt buaidh air gnothachas
- a' stèidheachadh bhunaithean airson ionnsachadh fad-bheatha agus airson ionnsachadh is dhreuchdan san àm ri teachd.

## Ciamar a tha eòlasan agus builean nan cuspairean sòisealta air an cur ri chèile?

Tha eòlasan agus builean nan cuspairean sòisealta air an cur ri chèile fo thrì prìomh chinn:

- daoine, tachartasan agus coimhearsnachdan bho na làithean a dh'fhalbh
- daoine, àite agus àrainneachd
- daoine ann an coimhearsnachd, eaconamaidh agus gnothachas.

Tha na cinn seo a' gabhail a-steach gach cuspair sòisealta, agus a' gabhail a-steach choimhearsnachdan ionadail. Bidh luchd-teagaisg a' cleachdadh an fhrèam gus cothrom a thoirt do chlann agus do dhaoine òga air ionnsachadh eadar-chuspaireil, le bhith a' dèanamh cheanglaichean thar agus eadar cuspairean. Cha chòir do luchd-teagaisg a bhith air am bacadh le na cinn agus is còir cothroman a bhith ann airson planadh air feadh a' churraicealaim airson ionnsachadh a thoirt air adhart mar a tha air innse gu h-ìosal. Cuidichidh na cinn le planadh còmhla airson prògraman ionnsachaidh co-leanailteach an taobh a-staigh agus eadar ionadan.

Tha an ceathramh ìre a' cur an cèill raon de eòlasan agus builean anns a bheil roghainn agus comas air doimhneachd, dùbhlàn, tlachd agus pearsantachadh. Beachdaichidh sgoiltean is eile air ciamar a thairgeas agus a phlanas iad diofar mheasgachaidhean de na h-eòlasan agus builean mar bhunait airson ionnsachadh nas adhartaiche. Tha an ìre coileanaidh aig a' cheathramh ìre air a dealbhadh gus a bhith faisg air an ìre co-cheangailte ri ìre 4 den SCQF.

## Dè na dòighean ionnsachaidh agus teagaisg a dh'fhaodas mi a chleachdadh ann an cuspairean sòisealta?

Ged a tha susbaint a' churraicealaim cudromach, chan urrainnear na h-amasan againn a choileanadh ach tro ionnsachadh agus teagasg aig ìre àrd. Tha eòlasan agus builean nan cuspairean sòisealta a' toirt taic do luchd-obrach le planadh gnìomhan ionnsachaidh agus teagasg a tha dùbhlach, tarraingeach agus tlachdmhor agus a' brosnachadh ùidh agus dealas chloinne agus dhaoine òga. Tha iad a' toirt cothrom air sùbailteachd agus roghainn do luchd-teagasg agus luchd-ionnsachaidh a ghleidheas ùidh agus dealas.

Bidh ionnsachadh agus teagasg èifeachdach anns na cuspairean sòisealta a' tarraing air measgachadh de dhòighean-obrach, a' gabhail a-steach:

- ionnsachadh gnìomhach a tha a' toirt cothroman airson amharc, rannsachadh, feuchainn agus cluich
- co-theacsan agus eòlasan air a bheil clann agus daoine òga eòlach agus aig a bheil buntanas rim beatha
- cleachdadh teicneòlas freagarrach agus èifeachdach
- togail air prionnsapalan Measadh airson Ionnsachadh
- ionnsachadh co-obrachail agus neo-eisimeileach
- còmhradh agus deasbad fiosraichte
- eòlasan ionnsachaidh eadar-chuspaireil
- ionnsachadh a-muigh, turasan a-muigh, tadhal agus daoine a' tadhal air an sgoil.

## Ciamar a tha sgilean air an leasachadh ann an cuspairean sòisealta?

Tha leasachadh sgilean na phàirt cudromach de dh'ionnsachadh ann an cuspairean sòisealta agus tha na h-eòlasan agus builean a' toirt tòrr cothroman airson na sgilean sin a chur an gnìomh ann an co-theacsan ùra agus nas iomadh-fhillte. Tha abairtean mar 'sgrùdadh', 'rannsachadh', 'deasbad' agus 'taisbeanadh' air an cleachdadh tro na h-eòlasan agus builean air fad bho ìre thràth gun cheathramh ìre. Tha seo ag aithneachadh gu bheil luchd-ionnsachaidh aig gach ìre comasach air na sgilean sin a chleachdadh, aig ìre a tha freagarrach a rèir an adhartais. Tha am frèam a' dèanamh cinnteach gu bheil cuspairean sòisealta a' cruthachadh co-theacsa chudromach airson leasachadh sgilean litearrachd agus àireamhachd.

Mar a bhios clann agus daoine òga ag ionnsachadh anns na cuspairean sòisealta, bidh iad a' leasachadh raon de sgilean, leithid:

- amharc, mìneachadh agus clàradh
- dèanamh choimeasan airson tighinn gu co-dhùnaidhean iomchaidh
- rannsachadh agus measadh diofar sheòrsaichean stuthan agus fianais
- ceasnachadh agus sgilean fuasglaidh cheistean agus comas rudan a dhèanamh air an ceann fhèin
- obrachadh còmhla ri daoine eile agus a bhith mothachail mun deidhinn fhèin agus mu dhaoine eile
- obair rannsachaidh a phlanadh agus a mheasadh
- comas air breithneachadh tro lorg, sgrùdadh agus cleachdadh fiosrachaidh bho raon farsaing de àiteachan
- còmhradh agus deasbad fiosraichte
- leasachadh agus dìon bheachdan reusanta
- leasachadh agus cleachdadh mhapaichean ann an caochladh shuidheachaidhean
- leasachadh agus cleachdadh sgilean ann a bhith a' mìneachadh agus a' taisbeanadh fiosrachadh tro mheadhanan grafaigeach
- leasachadh agus cleachdadh sgilean ann am mìneachadh agus taisbeanadh dealbhach air fiosrachadh mothachadh air òrdugh thachartasan agus ùine
- sgilean taisbeanaidh – labhairt, sgrìobhte, iomadh-mheadhanach.

Bidh luchd-teagasg a' toirt taic do chlann agus do dhaoine òga fhad 's a bhios iad a' tighinn air adhart anns na sgilean sin, mean air mhean, le bhith gan cur an gnìomh ann an co-theacsan ùra agus nas iomadh-fhillte. Is còir coimhead air sgilean mar rudan a leanas agus cha chòir an 'stad' aig ìre shònraichte sam bith. Tha am breithneachadh proifeiseanta aig luchd-teagasg cudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh fa leth ag obair aig ìre dùbhlain a tha freagarrach dhaibh ann an toirt an sgilean air adhart.

## Dè na feartan farsaing measaidh a tha ann an cuspairean sòisealta?

Bidh measadh a' fòcasadh air fiosrachadh, tuigse agus sgilean ionnsachaidh chloinne agus dhaoine òga mu dhaoine, rudan a thachair roimhe, coimhearsnachd, àite, àrainneachd, eaconamas agus gnothachas.

Faodaidh luchd-teagaisg fianais a thional mar phàirt de ionnsachadh làitheil, fhad 's a bhios clann agus daoine òga a' mìneachadh is a' clàradh, a' rannsachadh is a' sgrùdadh stuthan, a' mìneachadh agus a' taisbeanadh fiosrachadh, a' labhairt is a' deasbad ri chèile agus ri inbhich, a' gabhail sgrùdadh os làimh agus a' taisbeanadh an smuaintean ann an cainnt, sgrìobhadh no an cruth iomadh-mheadhanach. Bidh gnìomhan measaidh sònraichte feumail ann am measadh adhartais. Bho na tràth bhliadhnaichean troimhe gu na h-ìrean as àirde, faodaidh clann agus daoine òga an adhartas a shealltainn tro an sgilean ann an cleachdadh diofar stuthan fianais, ann am measadh dè cho fìor agus earbsach 's a tha iad agus ann a bhith gan cur gu feum nam beatha agus nan obair làitheil. Bidh seo a' gabhail a-steach measadh cho math 's as urrainn do chlann agus daoine òga an eòlas agus an tuigse a chleachdadh gus fianais a sgrùdadh agus beachd fiosraichte a nochdadh, a' tighinn gu bhith comasach air argamaid a chumail a' dol. Faodaidh luchd-ionnsachaidh fianais air adhartas a shealltainn tro an comas ann an cur an eòlais agus an sgilean an cèill ann an co-theacsan a tha a' sìor fhàs iomadh-fhillte agus/no a tha ùr dhaibh, leithid ceistean àrainneachd, saoranachd, agus am mothachadh mun t-saoghal agus an mun àite aig Alba san t-saoghal.

Is còir do mheasadh sealltainn na h-ìre gun urrainn clann agus daoine òga na sgilean seo a chleachdadh nan ionnsachadh agus nam beatha làitheil agus a chum ullachadh airson saoghal na h-obrach. Mar eisimpleir:

- A bheil iad a' sealltainn gu bheil iad mothachail air cho cudromach 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann am pròiseasan co-dhùnaidh?
- Dè cho deònach 's a tha iad air deasbad mu chùisean ionadail, nàiseanta is cruinneil?

Seallaidh clann agus daoine òga, tro dhèiligeadh ri bun-bheachdan, an adhartas ann an eòlas, tuigse agus sgilean le mar a bhios iad a' dèiligeadh ri rudan an lùib eaconamas, cruinn-eòlas, eachdraidh, poilitigs agus coimhearsnachd. Chithear adhartas:

- nan comas air tuigsinn iom-fhillteachd air a leithid sin de chùisean, le gliocas agus co-fhaireachdainn a tha a' sìor fhàs
- ann am beachdan a tha a' sìor fhàs ealanta
- ann an sgilean a tha a' cur taic riutha sin, a' tarraing gu cùramach air fianais is stòrasan
- ann an comas air an ionnsachadh a tharraing còmhla, gus doimhneachd an tuigse a shealltainn, mar eisimpleir mu eachdraidh na h-Alba.

Bu chòir do mheasadh a bhith a' ceangal ri roinnean eile den churraicealam, taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, a' toirt cothrom do chlann agus do dhaoine òga am mothachadh air ceistean sòisealta a leasachadh, leithid seasmhachd agus iomairt, tro chuirtean a-muigh, tadhal air làraich dualchais ionadail agus nàiseanta, agus coinneamhan ri muinntir na coimhearsnachd.

## Dè na ceanglaichean a tha ann eadar cuspairean sòisealta agus roinnean eile den churraicealam?

Tha eòlasan agus builean nan cuspairean sòisealta a' brosnachadh cheanglaichean ri roinnean ionnsachaidh eile, gus eòlas nas doimhne, nas tlachdmhoire agus nas gnìomhaiche a chur fa chomhair luchd-ionnsachaidh.

Tha a bhith a' leasachadh saoranachd gnìomhach aig teis-meadhan ionnsachaidh ann an cuspairean sòisealta, mar a bhios clann agus daoine òga a' togail sgilean agus fiosrachadh a bhrosnaicheas agus a chuidicheas iad gus pàirt a ghabhail. Anns na cuspairean sòisealta, bidh luchd-obrach a' planadh chothroman do chlann agus do dhaoine òga pàirt a ghabhail nan coimhearsnachd ionadail agus san t-saoghal fharsaing, airson an cuideachadh ann am beachdachadh air, agus a' toirt air adhart, an dleastanas mar shaoranaich gnìomhach agus fiosraichte.

Bidh an luchd-obrach uile a tha a' teagasg chuspairean sòisealta a' lorg chothroman gus eòlas agus sgilean ann an cuspairean sòisealta a thoirt air adhart agus a dhaingneachadh, an dà chuid a thaobh nan gnìomhan teagaisg fhèin agus tro bhith ag obair còmhla ri an co-obraichean, ann am planadh ionnsachadh eadar-chuspaireil agus ann an dealbhadh modh-obrach co-leanailteach airson leasachadh litearrachd, àireamhachd, saoranachd, comas cruthachaidh, iomairt agus seasmhachd.

Tha cothroman aig luchd-teagaisg air aithrisean eòlasan agus builean a chur còmhla ann an diofar dhòighean. Faodaidh iad an cruinneachadh timcheall air bun-bheachdan cudromach ann an cuspairean sòisealta; faodaidh iad na h-aithrisean òrdanachadh ann an dòigh a tha a' toirt bunait airson dòigh teagaisg stèidhichte air cuspair fa leth; faodaidh iad eòlasan agus builean a thoirt còmhla mun cuairt co-theacsan ionnsachaidh coitcheann ann an cuspairean sòisealta.

Tro fhèin-mheasadh, bidh luchd-teagaisg a' planadh cothromachadh eadar ionnsachadh agus teagasg. Bidh ionnsachadh a' gabhail a-steach nan ceithir comasan, dòigh-obrach fhongail a thaobh chuspairean cudromach leithid saoranachd agus iomairt, adhartas ann an sgilean agus tuigse, agus obair eadar-chuspaireil airson ionnsachadh a thoirt air adhart.